



1481 Montcalm Street
Montreal, Quebec
CANADA
H2L 3G9

9mh an t-Samhain 2006

Bòrd na Gàidhlig,
Darach,
Fèith nan Clach,
Inbhir Nis
IV2 7PA

A chàirdean chòir,

Tha mi a' cur fàilte air rud sam bith a bhitheas neart a' chur don chànan againn. Mar sin dheth, tha mi a' cur fàilte air Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Ach nan robh ach aon ghuidhe agam, bu toigh leam faclair Gàidhlig-Gàidhlig airson inbhich fhaicinn. 'S e sin ri ràdh faclair a bhitheadh gach facal mhèineachadh tro mheadhan a' Ghàidhlig fhèin.

Tha làn fhios agam gu bheil faclair aona-chànanach ann, air a bheil *Brìgh nam Facal* le Richard A. V. Fox. Ach, 's cho math 's a tha e, 's e faclair don bhunsgoiltean a tha ann. A bharrachd air sin, tha e ro bheag.

Tha làn fhios agam cuideachd gu bheil buidheann ann a tha ag iarraidh 'faclair eachdraidheil', mar a chanas iad, a chruinneachadh. Dh'fhaighnich mi dhaibh dè dìreach bh'aca nan amharc agus ghabh mi briseadh-dùil mòr mòr nuair a fhuair mi freagairt bhuapa. Bhitheadh na mineachaidh uile sa Bheurla a-mhàin aig toiseach agus cha bhitheadh seo deiseil roimhe 2015.

Ach faclair Gàidhlig sa Bheurla a-mhàin? A bheil iad glan às an ciall? Agus 2015? Bu mhath leam faclair Gàidhlig airson inbhich chleachdadh ri mo linn-se. Mar sin, ma thèid aca maoineachadh bhon Bhòrd na Gàidhlig fhaighinn, feumaidh cuideigin rian teann a chumail air gnothaichean.

‘S math dh’fhaodte gum bitheadh e math cuideachd iarraidh air daoine eile dìreach faclair àbhaisteach chruinneachadh. Mar eisimpleir, nuair a leughas tu an ròdh a sgrìobh Richard A. V. Fox ann am *Brìgh nam Facal*, chì thu gun deach iarraidh air am faclair aige a chruinneachadh ann an 1990. Agus chaidh am faclair ann an 1991 fhoillseachadh. ‘S e sin ri ràdh an ath bhliadhna.

Le sgioba math ‘s teicneolas ùr a th’againn, carson nach b’ urrain dhuinn faclair Gàidhlig -- gu tur sa Ghàidhlig – fhaighinn a dh’ aithghearr? Can taobh a-staigh dà bhliadhna. Bhitheadh faclair mar seo feumail gus àbhaisteachadh na Gàidhlig nar beatha.

Le gach deagh dhùrachd,

Anndra Cook-Jolicoeur